

CUMHA DO DHONNACHADH

Chan iognadh mi a bhi tursach
Ag ionndrain mo bhrath'r
Adh'fhag a chaladh moch Di-mairt
Gu sunndach, aoibheil slan.
Thainig a shaoghal gu crioch
Cha dhi-chuimhnich mi a chas;
An duigh na shineadh's an uaigh
Na shuain 'an cadal Bais.

Tha mi gu tursach, deurach,
Can eil feum dhomh ann an cainnt;
Mo chridhe briste, bruite,
Chan eil sunnd dhomh anns an am.
A caoidh an armuinn uasal
Chaidh thoirt bhuainn mar bhualadh tonn;
Se a bhrathair a thog a nuas e
As a chuan gun fhacal cainnt.

Gur dubhach, trom, neo-shunndach mi
'S mi a cuimhneachadh gach la;
Bha thu aoibheil aig a cheilidh
's a togail seist 's a Bhal.
Bu chomasach do cheum air fonn,
Bu chaoibhneil thu ri cach;
Se sin an cuimhneachan a fhuair sinn,
's tu anns a uaigh a tamh.

Bu chompanach air airigh thu,
Bu chairdeil thu mun stor,
Bu chridheil, aoibheil, sunndach thu
'S tu runach air gach doigh.
Se do bheatha a dh'fhalbh cho luath
A dh'fhag sinn truach bho dheoir
Gad chaoidh 'san tir so, sinn gu tinn
's t'usa sin't bho'n fhod.

Ni mi a nis co-dhunadh leis
‘s an uine tighinn gu ceann.
Mo laithean aosda tighinn gu crioch
Le cuimhneachan na dha.
Beannachd leis na dh’fhalbh na suain
‘S buannachd bhi le cach
‘S gu seinn iad suas gu trom mo dhuan,
Do’n uaigh ‘s a bheil a tamh.